

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd

Press Release



Please scroll down for English Version

Bòrd na Gàidhlig a' cur fàilte air taic bho Phàrlamaid na h-Alba airson na Gàidhlig

Tha Bòrd na Gàidhlig, a' phrìomh bhuidheann ann an Alba air a bheil dleastanas gu leasachaidhean Gàidhlig a chur air adhart, a' cur fàilte mhòr air an taic thar-phartaidh ann am Pàrlamaid na h-Alba a chaidh a nochdadh aig deasbad sa Phàrlamaid an-diugh (24 Giblean).

Tha am Bòrd cuideachd a' cur fàilte air an naidheachd a chaidh fhoillseachadh sa Phàrlamaid an-diugh le John Swinney BPA, Leas Phrìomh Mhinistear na h-Alba, gu bheil an treas sgoil Ghàidhlig ann an Glaschu a' faighinn taic luach £1.9m agus gu bheil Faclair na Gàidhlig air £2.5m fhaighinn.

Chaidh an taic fhoillseachadh le deasbad a' dol air adhart sa Phàrlamaid air a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig 2018-2023 a chaidh a chur air bhog sa Mhàrt. 'S e prìomh amas a' Phlana gum bi barrachd dhaoine a' cleachdadh na Gàidhlig nas trice agus ann am barrachd shuidheachaidhean.

Thuir Ailean Dòmhnallach, Cathraiche Bòrd na Gàidhlig: "Tha e math na partaidhean poilitigeach air fad fhaicinn a' gabhail pàirt ann an deasbad air a' Ghàidhlig sa Phàrlamaid. Tha seo a' leantainn air na chaidh a ràdh mun Ghàidhlig agus a chualas ann an cànain na Gàidhlig aig deasbad UNESCO a chaidh a chumail sa Phàrlamaid sa Mhàrt. Tha seo a' cur ris an iomairt airson Gàidhlig àbhaisteachadh ann an Alba."

A' bruidhinn mun sgoil Ghàidhlig ùir ann an Glaschu, thuir Mgr Dòmhnallach: "Tha e a' toirt toileachas mòr dhuinn an naidheachd a chluinntinn mun treas sgoil Ghàidhlig ann an Glaschu. Tha seo agus an sgoil ùir ann am Port Rìgh a tha dìreach air ùr fhosgladh a' comharrachadh strì a tha pàrantan air a bhith a' dèanamh fad bhliadhnaichean agus iad a' faicinn nam buannachdan a th' ann leis a' chlann aca a bhith dà-chànanach. Tha sinn a' cur meal-a-naidheachd orra agus air Comhairle Baile Ghlaschu airson na tha iad a' dèanamh airson leasachadh na Gàidhlig sa bhaile."

Dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba taic cuideachd airson Faclair na Gàidhlig agus bha Bòrd na Gàidhlig toilichte seo a chluinntinn. A' bruidhinn air seo, thuir Ailean Dòmhnallach: "'S e pròiseact gu math cudromach airson na Gàidhlig mar chànain a tha ann am Faclair na Gàidhlig a bheir stòras mòr prìseil gu bith agus rud a bhios gu math feumail ann a bhith a' cuideachadh dhaoine a' chànain a leasachadh agus ionnsachadh."

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd

Press Release



Tha dùil ann gun tèid sgoil ùr Ghlaschu, a bhios stèidhichte ann an sgìre Cartvale air taobh a deas a' bhaile, fhosgladh ann an 2019 leis a' Mhòd Nàiseanta Rìoghail cuideachd gu bhith ann an Glaschu an ath bhliadhna.

CRÌOCH

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun bhrath-naidheachd seo cuiribh fios gu Bòrd na Gàidhlig:

Murchadh Moireasdan, Manaidsear Conaltraidh agus Thachartasan gu murchadh@gaidhlig.scot

07525 893 367 / oifis@gaidhlig.scot / 01463 225454

Fios gu Neach-deasachaidh:

'S e raon-ùghdarras Bhòrd na Gàidhlig a bhith a' toirt taic do Ghàidhlig na h-Alba agus a bhith ga cur air adhart agus ga leasachadh ann an Alba agus gu h-eadar-nàiseanta. 'S e an lèirsinn a th' againn gum bi a' Ghàidhlig seasmhach san àm ri teachd mar chànan brìoghmhor is neartmhor agus i air a cleachdadh barrachd is i a' faighinn spèis ann an Alba an latha an-diugh sa bheil iomadh cultar is cànan.

Prìomh amas a th' againn 's e àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig a mheudachadh agus na cothroman a th' ann do dhaoine an cànan a chleachdadh a chur am meud, a thuilleadh air ìomhaigh a' chànain agus a' chultair a thogail ann an Alba is thall thairis.

Tha sinn ag obair le iomadh buidheann poblach gus planaichean Gàidhlig ullachadh agus a chur an gnìomh, agus le buidhnean coimhearsnachd agus eile le bhith a' toirt seachad taic-airgid airson an cuid obrach agus phròiseactan, a thuilleadh air comhairle agus stiùireadh a thoirt do Mhinistearan na h-Alba agus do bhuidhnean eile a thaobh iomadh raon de leasachadh na Gàidhlig.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd

Press Release



Bòrd na Gàidhlig welcomes Scottish Parliament support for Gaelic

Bòrd na Gàidhlig, the principal public body in Scotland responsible for promoting Gaelic development, has welcomed the continued cross-party support for Gaelic as demonstrated in the Scottish Parliament debate today (Tuesday 24 April) and the announcements of funding for a third Gaelic school in Glasgow and Faclair na Gàidhlig, the historical dictionary project.

The debate was led by Deputy First Minister, John Swinney MSP, and focused on the priorities and commitments in the third National Gaelic Language Plan which was launched last month at the Parliament. The Plan's main aim is that more people use Gaelic more often and in a wider range of situations.

Allan MacDonald, Chairman of Bòrd na Gàidhlig, said: "It is great to see Gaelic being debated by all parties in the Scottish Parliament and this, following on from the recent contributions by various MSPs in Gaelic during the UNESCO Convention for the Safeguarding of the Intangible Cultural Heritage debate, is of immense importance in efforts to normalise the use of the language in Scotland."

Mr MacDonald continued: "We are delighted to note the announcement of the third dedicated Gaelic school in Glasgow and, as with the opening recently of the Bun-sgoil Ghàidhlig Phort Rìgh on Skye, it is a reward for the dedication and tenacity of parents who see the benefits of their children being bilingual. We congratulate those parents who have fought long and hard for this and also Glasgow City Council for their support for the development of the Gaelic language in and around the city."

In addition to the announcement of the new Gaelic School in Glasgow, the Deputy First Minister also announced a substantial investment for the next phase of Faclair na Gàidhlig, which will be the most comprehensive Gaelic dictionary ever produced.

Allan MacDonald said: "While the opening of a third Gaelic school in Glasgow is a hugely significant investment in Gaelic education, Faclair na Gàidhlig represents a major investment in language learning and development and is one which will provide people with the first comprehensive dictionary of Gaelic. Bòrd na Gàidhlig is delighted to have supported this project and we congratulate all the partners involved and we look forward to working closely with them in the years to come."

The new Gaelic school in Glasgow, which will be located in the Cartvale area on the South Side of Glasgow, is expected to open in 2019 with the Royal National Mòd, the premier Gaelic celebration of Gaelic language and culture, also set to take place in the city next year.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd

Press Release



END

For further information please contact Bòrd na Gàidhlig:

Murdo Morrison, Communications & Events Manager at murchadh@gaidhlig.scot / 07525 893 367 / 01463 225454 / oifis@gaidhlig.scot

Information for Editors:

The remit of Bòrd na Gàidhlig is to support, promote and develop the Gaelic language in Scotland and internationally. Our vision is that Gaelic is seen and heard on a daily basis across Scotland, such that it is widely recognised as an integral part of Scottish life and a national cultural and economic asset.

We prioritise an increase in the numbers using Gaelic and increased opportunities for learning the language in addition to raising the profile of the Gaelic language in Scotland and internationally.

Bòrd na Gàidhlig works with public bodies in the preparation and implementation of Gaelic Plans and with community groups and others through providing project funding and provides advice and guidance to the Scottish Government Ministers and other agencies on the different aspects of Gaelic development.